


# Eilean Fraoich nam beann ard



Eilean fraoich, eilean fraoich  
Eilean fraoich nam beann ard  
Far an d'fhuair me m'arach og  
Eilean Leodhais mo ghraidh

Far an robh mi'n làithean m'oig  
Ruith gun bhòig dol don tràigh.  
'S mi ri streap gu nead an eòin  
Anns gach còs sam bi àl.

Thug me greis de làithean m'oig  
Air a' mhòintich 'nam phàisd'  
'S mi ri tional nan laogh òg'  
Is nam bò aig an tràth.

'S ged a bheirte dhomh an tir-s'  
Eadar chraobhan is bhàrr  
B'àill leam a bhith measg an fraoich  
Ann an tìr nam beann àrd.